# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

**Fo Chasg gu 15/07/2013 aig 00:01**

**Bliadhna shònraichte aig Bòrd na Gàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig air an Aithisg Bhliadhnail airson na bliadhna ionmhais 2012/13 a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba; bliadhna shònraichte anns an do dh'fhoillsich am Bòrd an dàrna Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Chaidh am plana fhoillseachadh leis An Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba.

Tha an Aithisg a' cur cuideam air an àite a bh' aig a' Bhòrd a' cuideachadh ann a bhith toirt gu buil amasan a' Phlana agus sin le iad fhèin a bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean taice dha Roinn nan Tràth Bhliadhnaichean, le bhith cur air adhart cultar agus foghlam Gàidhlig; cuideachd le bhith toirt comhairle agus taic airgid agus phractaigeach dha coimhearsnachdan, buidhnean agus daoine fa leth air feadh Alba.

Tha am Plana a' toirt prìomhachas dhan Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean, Foghlam agus adhartachadh cànan sa Choimhearsnachd agus e aig an aon àm a' cur ro-innleachdan air chois a dh'fhaodas buidhnean poblach agus a h-uile duine a tha an sàs ann, no aig a bheil ùidh, an leasachadh na Gàidhlig a leantainn airson taic a thoirt dhan chànan.

A' toirt beachd air na chaidh a choileanadh, mar a tha e san aithisg, thuirt Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: "'S e buidheann bheag a tha seo le uallaichean mòra. Bha na choilean sinn am-bliadhna ann a bhith toirt buaidh air dùbhlain agus a' greimeachadh air cothroman stèidhichte air cho dìcheallach 's a bha am Bòrd is an Luchd-obrach, agus an co-obrachadh agus an dealas a bha ri fhaicinn bho cheudan de bhuidhnean agus dhaoine fa leth leis a bheil sinn ag obair – raon farsaing bho Phàrlamaid is Riaghaltas agus Ùghdarrasan Poblach, an treas raon agus buidhnean coimeirsealta gu ruige coimhearsnachdan ionadail. Bidh cho soirbheachail 's a bhios Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig an crochadh gu mòr aig deireadh an latha air mar a thèid na h-oidhirpean sin a chloileanadh."

Tha 73% den airgead a gheibh am Bòrd bho Riaghaltas na h-Alba air a roinn a-mach gu luchd com-pàirt eile. Dhèilig am Bòrd ri 362 iarrtas airson taic-airgid bho chaochladh bhuidhnean air feadh Alba, ged nach robh iad uile soirbheachail, a thoradh cuingealachdan ionmhasail, agus laigsean seach nach robh iad a' dol le amasan Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Chaidh aontachadh ri 258 iarrtasan. (Chithear gu ìosal na seòrsachan iarrtasan a bha soirbheachail)

Thuirt am Ministear airson Chànanan na h-Alba Alasdair Allan: "Tha am Bòrd air targaidean soilleir a chur far comhair airson nam bliadhnaichean ri teachd a tha sealltainn am miann airson adhartais, targaidean a bheir dhuinn tachartasan Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh air feadh Alba. Tha obair a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid air dearbhadh gu soilleir an ìre ùidhe a th' ann agus mar a tha an t-iarrtas a' fàs airson Gàidhlig agus a' sealltainn an àite fìor chudromach a th' aice ann am beatha làitheil dhaoine agus mar a tha i na bonn-stèidh do ar cultar agus ar n-aithne mar shluagh."

Thuirt Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "'S e bhith foillseachadh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012/17 an rud bu chudromaiche a thachair am-bliadhna. Tha mi toilichte gun urrainn dhuinn sealltainn anns an Aithisg seo gun do rinn am Bòrd agus buidhnean com-pàirt adhartas cudromach ann a bhith a' toirt a' Phlana gu buil agus sin le bhith cuimseachadh ar gnìomhan air na prìomhachasan as cudromaiche."

**DEIREADH**

**Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh air na tha sa bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios, le ur toil, gu Steven MacÌomhair, Manaidsear Corporra & Conaltraidh, Bòrd na Gàidhlig, post-d steven@gaidhlig.org.uk no fònaibh 01463 225 454.**

***NOTAICHEAN DHA LUCHD-DEASACHAIDH***

*Seach gur e buidheann a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha a' faighinn airgead poblach, tha iad air an sgrùdadh gu cunbhalach an dà chuid bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh.* *Tha seo a' gleidheadh agus a' neartеachadh riaghladh taobh a-staigh na buidhne fhad 's a tha e aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' cumail a' cosg maoin gu h-èifeachdach. 'S e Bòrd na Gàidhlig a' chiad Bhuidheann Phoblach a chaidh a sgrùdadh le Luchd-sgrùdaidh na h-Alba am-*

*bliadhna agus aig an robh an Aithisg Bhliadhnail agus na Cunntasan air an aontachadh gu dà-chànanach.*

*Tha na leanas na gheàrr-fhiosrachadh air obair Bòrd na Gàidhlig sa bhliadhna ionmhasail 2012 / 2013.*

***Leasachaidhean Gàidhlig***

- ***80*** *– Tràth-bhliadhnaichean (0-3) a' coinneachadh gach seachdain*
- ***6%*** *- am fàs a bha san àireamh chloinne a' dol gu foghlam Gàidhlig*
- ***17*** *– Planaichean le Buidhnean Poblach a chaidh aontachadh (chaidh 40 aontachadh gu ruige seo)*
- ***3*** *– Aonta air an dàrna dreachd de Phlanaichean Gàidhlig Bhuidhnean Poblach*
- ***25*** *– oileanaich a fhuair tabhartasan foghlaim*
- ***15*** *– buidhnean Gàidhlig le aonta air maoineachadh (na prìomh Bhuidhnean Gàidhlig)*
- ***68*** *– pròiseactan coimhearsnachd a fhuair taic-airgid bhon sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd*
- ***12*** *– pròiseactan a fhuair maoineachadh bho sgeama taice CholmCille (fo rianachd BhnG agus Foras na Gaeilge)*
- ***72*** *– pròiseactan a fhuair airgead bhon sgeama maoineachaidh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) airson taic a thoirt dha Planaichean Gàidhlig Bhuidhnean Poblach*
- ***20*** *– pròiseactan air am maoineachadh leis na caochladh mhaoinean Ealain againn*
- ***11*** *– pròiseactan Rannsachaidh air am maoineachadh*
- ***35*** *– Buidhnean 0-3 air am maoineachadh*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Seirbheisean Corporra***

- ***4.2%*** *- sàbhaladh tro èifeachdas a fhuaras ri aghaidh targaid 3% an Riaghaltais*
- ***85%*** *- Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan) air an coileanadh*
- ***9/15*** *- a chuireadh ri na Builean Nàiseanta ann an Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba*
- ***27,000*** *– luchd-cleachdaidh gach seachdain airson ar làrach-lìn agus meadhanan sòisealta*
- ***1.5*** *millean – luchd-amhairc airson sanasachd ag innse mu theagasg*

**DEALBH CAMARA AN LÙIB SEO:**

***Dealbh 1***
*Còmhdach aghaidh Aithisg Bhliadhnail Bòrd na Gàidhlig 2012/2013.*

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**Embargo until 15/07/2013 at 00:01**

**Landmark year for Bòrd na Gàidhlig**

Bòrd na Gàidhlig has presented to the Scottish Parliament its Annual Report for the 2012/13 financial year, a landmark year in which the Bòrd published Scotland's 2nd National Gaelic Language Plan. The Plan was launched by the Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan.

The Report highlights the Bòrd's role in facilitating the delivery of the Plan's objectives through providing support services directly to the Early Years sector, promoting Gaelic education and culture and by providing advice, financial and practical support to communities, organisations and individuals throughout Scotland.

The Plan prioritises Home and Early Years, Education and Community language development, whilst setting out strategies for public agencies and all those involved with, and interested in, Gaelic development to follow in support of the language.

Reflecting on the achievements outlined in the report, Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "This is a small organisation with heavy responsibility. Our success in meeting challenges and grasping opportunities this year was based on a combination of dedication by our Bòrd and Staff, and the co-operation and diligence of the hundreds of organisations and individuals with which we work - ranging from Parliament and Government and Public Authorities, third sector and commercial organisations through to local communities. The success of the National Gaelic Language Plan will be determined ultimately by the outcomes of these contributions."

73% of the funding received by the Bòrd from Scottish Government is distributed to others. The Bòrd dealt with 362 applications for funding from different organisations throughout the length and breadth of Scotland, although not all were successful due to funding constraints and weaknesses in alignment to the National Gaelic Language Plan. 258 applications were approved. (Categories of successful applications are

enumerated below)

Minister for Scotland's Languages Alasdair Allan said: "The Bòrd has set out clear and ambitious targets for the coming years that will deliver Gaelic events and learning opportunities across Scotland. Recent work has clearly demonstrated the level of interest and the growing demand for Gaelic and shows its role as a vital part of people's everyday lives as well as a lynchpin in our culture and identity."

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell said: "The launch of the National Gaelic Language Plan 2012/17 was the single most significant event of the year. I am pleased that we are able to demonstrate in this Report that the Bòrd and partner organisations made significant progress towards the implementation of the Plan through focusing our actions on key priorities."

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 01463 225 454.**

**NOTES TO EDITORS**

*As an organisation which receives public funding, Bòrd na Gàidhlig is regularly audited both internally and externally. This maintains and strengthens internal governance whilst ensuring the organisation continues to spend funds effectively. Bòrd na Gàidhlig is the first Public Body audited by Audit Scotland to sign off its Annual Report and Accounts this year, bilingually.*

*The following is a brief description of Bòrd na Gàidhlig's activities during the financial year 2012 / 2013.*

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Gaelic Development***

- ***80 -*** *Early-Years groups (0-3) meeting weekly*
- ***6% -*** *growth seen in the number of children entering Gaelic-medium education*
- ***17 -*** *Public Bodies Gaelic Plans agreed (total of 40 agreed to date)*
- ***3 -*** *Public Bodies second version Gaelic Plans agreed*
- ***25 -*** *students received education grants*
- ***15 -*** *Gaelic organisations with funding agreements (main Gaelic Organisations)*
- ***68 -*** *community projects funded through the Taic Freumhan Coimhearsnachd (Community Support funding scheme)*
- ***12 -*** *projects funded through the ColmCille funding scheme (Jointly administered with Foras na Gaeilige)*
- ***72*** *- projects funded through the GLAIF (Gaelic Language Act Implementation Fund) funding scheme to support Public Bodies' Gaelic Language Plans*
- ***20*** *- projects funded through our different Arts funds*
- ***11*** *- Research projects funded*
- ***35*** *- 0-3 age Groups funded*

***Corporate Services***

- ***4.2%*** *- efficiency savings found against Government target of 3%*
- ***85%*** *- KPIs achieved*
- ***9/15*** *- of the National Outcomes in the Scottish Government's National Performance Framework contributed to*
- ***27,000*** *- weekly audience for web-site and social media*
- ***1.5 million*** *- audience for Gaelic teaching promotional adverts*

**PHOTOGRAPH ATTACHED:**

***Photograph 1***
*Front cover of Bòrd na Gàidhlig Annual Report 2012/2013.*